



AN T-UISGE BEO

SEARMON

LE MR. LACHLAINN MACCHOINNICH.

Oir dòirtidh mi mach uisge air an tartmhor, agus tuiltean air an fhearann chruaidh; doirtidh mi mach mo Spiorad air do shliochd, agus mo bheannachd air do ghineil: Agus fàsaidh iad suas mar anns an fheur; mar gheugaibh seilich ri taobh nan sruth-chlaisean. Their am fear so, Is leis an Tighearna mise; agus ainmichear fear eile air ainm Iacoib; agus sgriobhaidh fear eile le 'laimh do'n Tighearna, agus sloinnidh se e fein air ainm Israeil.—ISAIAH xlv. 3, 4, 5.

Tha fìor phobull an Tighearna 'n am pobull meath-chridheach; 's e sin, tha iad buailteach do laigse creidimh, a dh'aindeoin na tha Dia gach là a' deanamh air an son. Ach ged tha iad gealtach agus meath-chridheach 'n uair nach faic iad cuideachadh am fagus, tha iad treun mar an leòmhann fo cheannard na Slàinte! 'S e 's aobhar d'an smuaintibh ana-creideach am mothachadh a th'aca air cruas agus feòlmhorachd an cridhe,—cha'n 'eil iad a' faotainn ni maith air bith annta fein. Is ann, uime sin, a chum cridheachan a phobuill a neartachadh a sgap Dia a gheallaidhean sìos agus suas feadh 'Fhocail. Tha'n earrann luachmhor a chaidh an ceart-uair a leughadh làn do shòlas agus do aoibhneas dhoibhsan a ta ri bròn ann an Sion,—dhoibhsan a ta gluasad an dorchadas agus nach 'eil a' faicinn soluis,—dhoibhsan a ta 'faicinn am feum air an

[*The Living Water.*]

Gaelic 12.

neamhnuid luachmhoir sin ris an abrar *gràs*. Ann an so tha geallaidhean da rìreadh luachmhor agus sòlasach. Cha'n'eil iad, tha e fìor, air son muinntir a tha air an séideadh suas le 'n leithide so 's an leithide sud de bhuaidhean nàdurra,—air an leithid so do mhuinntir bhiodh iad air an tilgeadh air falbh—cha'n'eil iad a' faicinn feum ac' orra : ach do'n dream air an bheil ìotadh—dhoibhsan a tha air an coimeas ri fearann tartmhor, agus a tha air an aobhar sin a' faicinn am feum air Crìosd, dhoibh-san *tha* iad luachmhor.

Ann 'bhi 'labhairt ni 's faide o'n cheann-teagaisg so, bheir mi, le còmhnadh Dhé fainear,

I. Co iad d'am buin na geallaidhean so.

II. Minichidh mi na geallaidhean fein, mar chaidh an leughadh.

III. Nochdaidh mi an toradh a tha 'sruthadh uatha anns an dream aig am bheil còir orra : agus

'S an àite ma dheireadh, Ni mi co-dhunadh aithghearr.

I. Nochdaidh mi co iad d'am buin na geallaidhean.

Tha na geallaidhean uile a' coinneachadh a chéile ann an Crìosd. “Oir geallana Dhé uile annsan is seadh iad, agus annsan is amen iad, chum glòire Dhé.”—2 Cor. i. 20.

Tha geallaidhean ann a chaidh a thoirt do Chrìosd a mhàin, geallaidhean eile do Chrìosd agus do'n eaglais, agus cuid do'n eaglais a mhàin : agus gun eolas slàinteil—gun solus spioradail, cha'n'eil e furasda eadar-dhealachadh a chur eatorra. Ach thugamaid fainear, ged a bhuineas na geallaidhean a tha air an toirt do Chrìosd a mhàin dha féin anns an t-seadh a's àirde, gu 'm buin iad ann an seadh eile d'a eaglais agus d'a phobull.

Ged tha Crìosd, mar thug mi cheana fainear, air a ghabhail a steach anns gach gealladh, labhraidh mi umpa anns an àite so mar a bhuineas iad do'n eaglais ; Dh'ise tha 'n Tighearn' a' tairgseadh comhfhurtachd ann am briathraibh ar teagaisg fo 'n ainm *Iacob*, agus *Israel*. Tha'n t-ainm *Iacob* a' ciallachadh *anmhuinneachd*, ach an t-ainm *Israel*, *cumhachd*, no aon a fhuair buaidh. Thuirt Esau mu Iacob, gur maith a bhaisteadh e, do bhrìgh gu'n d' thug

e'n càr da uair as, an tùs, mu thimchioll a chòir-bhreith, agus a ris, mu thimchioll a bheannachaidh. 'S ann an uair a bha'n gleachd aige ris an aingeal, agus a thug e buaidh, a fhuair e'n t-ainm *Israel*.

Air a fagail dh'i fein cha'n'eil an eaglais ach lag agus anmhunn, gun chomas air bith; ach an uair, tre chreidimh 'n a Fear-Saoraidh Glormhor, a ni i greim air Dia, bheir i daonnan buaidh; cha'n'e a mhàin sin, ach, "bheir sinn *tuilleadh agus buaidh*, trid-san a ghràdhaich sinn."

Ma thuigeas sinn na geallanna so, mar air an toirt do Chrìosd, tha iad a' feuchainn dhuinn staid a ghleachdaidh agus 'fhulangais, agus mar an ceudna a' bhuaidh a thug e mach air a naimhdibh fein, agus ar naimhdibh-ne; agus, air lorg sin, gu'n d'fhuair e ainm os ceann na h-uile ainm, araon air nèamh agus air talamh.

II. 'Se'n dara ni a rùnaich mi, na geallaidhean luachmhor a chaidh a leughadh a mhìneachadh dhuibh.

'S e a' cheud aon diubh so, "*Dòirtidh mi mach uisge air an tartmhor*."—Leis an "uisge" tha sinn r'a thuigsinn anns an àite so, *feartan buadhach an Spioraid Naoimh, a dhòirteas e mach air an anam a tha'n teinn—a tha 'mothachadh 'fheum air Crìosd mar Shlanuighear*. Mar a bheir uisge fionnarachadh do'n fhear-thuruis a tha sgìth agus fann leis an teas, 's a chridhe 'plocartaich le ìotadh; mar sin tha soisgeul na slàinte do anam a' pheacaich. Tha *gràs* na ni ro luachmhor, agus 'n uair a bhios a mhiann air an Tighearn' a bhuileachadh, cuiridh e air tùs iarrtus laidir anns an anam air a shon.

Is meur do ghràs eadhon an dian-iarrtus so fein, agus gach neach a dh' iarras ann an tréibhdhìreas a chridhe, gu cinnteach gheibh e. 'S e tart no ìotadh a's treise agus a's mì-fhoighidniche d'ar miannaibh uile. Tha e gun nàire gun fhoighidinn, mar gu'm b'eadh; *feumaidh* e bhi air a shàsachadh. Tha e cosmhuil ri Rachel mu shliochd, "Thoir dhomh clann no gheibh mi bàs." Their an tart spioradail an ni ceudna mu Chrìosd, "Thoir dhomh Crìosd no cha bheò dhomh." Cha tug Dia togradh air bith dhuinn an diomhain. Cha'n'eil a h-aon dhiubh

nach do chruthaich e lòn d'a réir: chruthaich e leinn togradh air son bidh 'us dibhe, agus mur ullaicheadh e biadh 'us deoch d 'an réir, cha bhiodh e ach a fochaid air a chreutairean. Feudaidh ar miannan nàdurra air uairibh a bhi fo dhroch stiùradh, agus is minic a tha; 'n uair a tha 'chuis mar so, cha'n'eil e mar fhiachaibh air Dia an sàsachadh: ach do thaobh ar n-iarrtusan spioradail, cha'n'eil iad air an toirt an diomhain uair air bith—'s éigin gu'n sàsùichear iadsan. Cluinneamaid ciod a tha ar Tighearn' e féin ag ràdh mu'n tart spioradail so. "Ma tha tart air neach air bith, thigeadh e do m' ionnsuidh-sa agus òladh e."—Eoin vii. 37. Agus a ris, "Agus a deir an Spiorad agus a' bhean-nuadh-phosda, Thig. Agus abradh an ti a chluineas, Thig. Agus thigeadh an neach air am bheil *tart*. Agus ge be neach leis an àill gabhadh e uisge na beatha gu saor."—Tais. xxii. 17.

'Se 'n dara cuid de'n ghealladh—*Agus tuiltean air an fhearann chruaidh*. Feudaidh an t-anam cha-n e 'mhàin a bhi tartmhor, ach eadhon mar mhìr do fhearann air a losgadh leis an teas; Feudaidh, cha-n e mhàin mothachadh agus mòr-mhothachadh bhi aige air fheum air gràs, ach mar an ceudna faireachadh air mòr-thruaighe. Bha staid rìgh Daibhi ann am fàsach Iudah an càileigin mar so. Tha e 'coimeas staid 'anama ri cor an àite anns an robh e. "Tha tart air m' anam a' d' dhéigh, tha m' fheoil a' togradh a' d' ionnsuidh, ann an tìr thioraim agus thartmhoir as eugmhais uisge."—Salm lxiii. 1. Bha rìgh Daibhi anns an àm so air a dhruideadh suas o mheadhona nan gràs; ach feudaidh e bhi gu bheil an Crìosduidh a'mealtuinn nam meadhonan, agus, gidheadh, gu bheil e mar fhearann cruaidh agus tartmhor fodhpa. Ma's e so do staid, a Chrìosduidh, co-chuir riut féin an gealladh; ge cruaidh da rìreadh do staid, bha muinntir eile 'n a leithid rombadsa, agus fhuair iad furtachd o'n ghealladh so. Ciod i cainnt an anama a tha 'n a leithid so do staid? O! ars 'esan, *Cha'n'eil srad do ghràs agam!* Ma's ann mar so a tha, thig a dh'ionnsuidh Chrìosd. Ach ars' an t-anam, *Tha mo chridhe cruaidh—cha'n urrainn mi urnuigh 'dheanamh—nam faighinn saorsa chum urnuigh 'dheanamh—nam b'urrainn mi deur a shileadh*

—*nam b'urrainn mi mo chridhe fhosgladh do m' Dhia bhithinn sona!* An i so da rìreadh do staid? 'Anam bhochd! 'S tus' an ceart dhuine air son an d'rinneadh an gealladh, agus ris am bheil briathran mo chinn-teagaisg a' labhairt. Tha do chridhe 'n a fhàsach tartmhor gun fhaireachadh. Eisd ris a' ghealladh a chaidh a thoirt do mhuintir ann ad staid-sa; "Oir anns an fhàsach brisidh uisgeachan a mach, agus sruthan anns an dithreabh; Fàsaidh am fearann tioram 'n a linne, agus am fearann tartmhor 'n a thobraichibh uisge."—Isa. xxxv. 6-7. Seadh, tha dòchas do thaobh neach a's miosa cor na thusa; ' 'N uair a bhitheas am bochd agus an t-ainnis ag iarraidh uisge, agus nach bi e ann; agus a bhitheas an teanga air tiormachadh le tart, mise Iehobhah freagram iad; Dia Israeil is mi nach tréig iad. Fosglaidh mi aimhnichean anns na h-ionadaibh àrda, agus tobraichean ann am meadhon nan gleann; ni mi 'm fàsach na linne uisge; agus am fearann tioram 'n a shruthaibh uisge."—Isa. xli. 17, 18. Theagamh nach urrainn duit ùrnuigh a dheanamh,—tha thu 'mothachadh gu bheil do chridhe cruaidh, agus cha'n'eil fhios agad ciod a their thu. 'S tu an *ceart dhuine* a tha aig mo cheann-teagaisg 's an amharc. Bu mhiann leat urnuigh a dheanamh, ach cha-n urrainn thu. Bheir esan dhuit, cha-n e 'mhàin deoch a chasg d'iotaidh, ach dòirtidh e tuiltean ort. Cha'n aon fhras a dh' fhòghnas dhuit—bha do thormachd ro fhada: Frasaidh e nuas *gu pailt*—doirtidh e mach tuil ort. 'N uair a thig furtachd, ciod air bith an t-àm, cha bhi do shòlas gann—cha bhi do shìth diombuan. 'N uair a bhios eighreachd an Tighearna sgìth, silidh e nuas uisge gu pailt. Ri linn na tiormachd so, theagamh gu'n do ghlac peacadh neart 's an anam—theagamh gu bheil smuaintean uamhasach ag éiridh suas anns a' chridhe. Tha'n Tighearna uime sin a' gealltainn gu'n leighis e so mar an ceudna; oir ars' esan, "dòirtidh mi mach mo Spiorad air do shliochd, agus mo bheannachd air do ghineil."

Tha'n Comh-fhurtair, an Spiorad naomh, air a ghealltuinn do uile phobull Dé. 'S e a dhreuchd-san, cha'n e a mhain geur-mhothachadh a thoirt dhuinn air ar peacaidhean,

ach mar an ceudna an t-anam a neartachadh. 'S e maitheanas peacaidh am mòr bheannachadh a cheannaich am Fear-saoraidh air son a phobuill; agus tha'n Spiorad a' cur an céill na beannachd so gu h-uaigneach ann an cluais na coguis, trid an Fhocail. Tha'm Focal a' labhairt sìthe ris gach neach a thréigeas peacadh, agus a philleas ri Dia. Ach feudaidh sinn a bhì ann an staid réite ri Dia, agus feudaidh am Focal sìth a labhairt, gun an t-sìth sin bhì air a cluinntinn 's a' choguis. Bi'dh eagal air an fhìor Chrìosduidh roimh shìth bhréige, agus cha'n fhois dha gus am faic e a bharrantas ann am focal Dhé. Dealraichidh an Spiorad air a' ghealladh, agus bheir e air cuspair a ghràis gu 'm faic e gu 'm buin e dha, Brisidh e sìos cumhachd an eas-creidimh agus le dearbh-bheachd a thoirt do'n choguis air firinn a' gheallaidh, mar thug e roimhe air firinn a' bhagraidh. Their an *lagh* ris a' choguis, *Is tusa am peacach*.—Their an Spiorad Naomh, trid an Fhocail, *Thainig Iosa Crìosd a chum an t-saoghail a shàbhaladh pheacach a bha cailte*. S ann air a leithid so do dhòigh a tha an Spiorad beannuicht' a' labhairt sìthe ris an anam.

Thigeadh do'n pheacach gun meadhona nan gràs a mhibhuileachadh, no dearmad a dheanamh air féin-cheasnachadh: mur 'eil a chridhe mar bu mhaith leis, cha-n urrainn e àicheadh, co dhiùbh, nach 'eil an Slanuighear comasach air a chumhachd a dhearbhadh air. Ma's e, an àite naomhachd, nach eil e 'faotainn ann fein ach luibhre 'pheacaidh, feudaidh e dol a chum an t-Slanuigheir le briathraibh an lobhair roimhe. *A Thighearna, ma's àill leat, is comasach thu air mise ghlanadh*. Ma tha e'faotainn a chridhe cruaidh agus neo-aithreachail, feudaidh e innseadh d'a Shlanuighear gu'n cual e uime gu'n robh e air 'ardachadh mar Phrionns' agus mar Shlanuighear a thoirt *aithreachais do chloinn Israeil agus maitheanais peacaidh*. Ma tha e 'faireachadh eas-creidimh ag oibreachadh, feudaidh e 'ràdh, *A Thighearna, bu mhiann leam creidsinn; cuidich thusa mo mhi-chreidimh*. Ciod sam bith truailidheachd a tha 'g oibreachadh anns an leth a stigh, dheanadh beantuinn ri cumhachd Chrìosd a leigheas.

Uime sin, Thugamaid a mhàin oidhirp air creidsinn ; oir dhoibhsan a chreideas tha na h-uile nithe comasach.

III. 'S e'n *treas ni a chuir sinn romhainn An toradh a tha 'sruthadh o na geallaidhean so anns an dream aig am bheil còir orra nochdadh.* Fàsaidh iad suas mar anns an *fheur, mar gheugaibh seilidh ri taobh nan sruth-chlaisean.* Cha'n'eil ni ann a's luaithe dh' fhàsas na am feur, ri àm uisge agus drùchd, agus cha'n 'eil craobh no preas 's a' choill' a's luaithe dh' fhàsas na an seilleach ri taobh nan sruth-chlaisean. Is amhuil a bhios fàs an fhìor Chrìosduidh 'n uair a theid 'anam a bheothachadh le drùchd agus frasaibh nan gràs. “Mar an t-arbhar bidh e air ath-bheothachadh ; agus fàsaidh e mar an fhionain, agus bithidh 'fhàile mar fhìon Lebanoin.” Tha e nàdurra do ghràs a bhi 'fàs, ach, cosmhuil ris gach pòr eile, iarraidh e 'uisgeachadh o'n àirde ; agus mur faigh e so, seargaidh, agus cromaidh e 'cheann; ach 'n uair a thùirlingear an dealt nèamhaidh, “brisidh e mach, agus thig e fo bhlàth mar an ròs.” Agus mar ann an Nàdur is amhuil mar an ceudna ann an gràs : tuitidh an drùchd air uairibh, agus beothaichidh e gach feur agus luibh, gidheadh cha chluinn a chluas a's fearr claisteachd e,—cha'n fhaic an t-sùil a's géire sealladh e. Air uairibh eile thig an t-uisge nuas 'n a bhoinnibh tlà, air uairibh, 'n a fhrasaibh troma, agus air uairibh, le stoirm agus le buaireas gailbheach : ach ciod air bith *modh* air an tuit an t-uisge, 's ann a chum maith na talmhainn. Air a' mhodh cheudna, tha cuid do dhaoine air an toirt o dhorchadas gu solus, uidh air n-uidh, air mhodh nach urrainn neach a chomharrachadh—theagamh, trid beannachadh Dhé air oilean diadhaidh ; tha cuid air an tionndadh o pheacadh gu fireantachd 'n an òige, gun mhòr dheuchainn inntinn ; tha cuid eile ris air an toirt gu sliabh Shinai,—tha tàirneanach agus dealanaich an lagha air an leigeadh fuasgailt' air an coguis, mu'n dlùthaich iad ri Crìosd anns a' ghealladh. Ach ciod air bith mar thig iad, is sona iadsan a tha ann an Crìosd: *fàsaidh iad suas mar am feur—mar an seilleach ri taobh nan sruth-chlaisean,*—fàsaidh iad ann an gràs, agus theid iad air an aghaidh o neart gu neart, gus an nochdar iad coimhlionta an lathair an Dé ann an

Sion. An sin dearbhaidh iad mar dh'fhàs iad ann an gràs.

Their am fear so is leis an Tighearna mise. 'S e sin tagraidh e a chòir air Criosd,—Thig e chum an Fhir-shaoraidh, agus dlùthaichidh e ris trid creidimh an t-soisgeil. Thig e gu Criosd, agus cha tilgear a mach e. Mur urrainn e 'ràdh gur leis Criosd, bheir e, air a char a's lugha, oidhirp air a ràdh gur le Criosd esan. Ged nach urrainn e 'ràdh le muinghinn, gu bheil gràdh aig Criosd dha, 's urrainn e 'ràdh le Peadar, gu bheil gràdh aige-san do Chriosd,—mur urrainn e 'ràdh gu'n do tharruing Criosd e, 's urrainn e, le irioslachd, a ràdh, *Tarruing mi, agus ruithidh mi 'n ad dhéigh.* Bi'dh e 'tagradh ris an Tighearna gur Dia tròcaireach e, 's ged dhiultas se e, gidheadh leanaidh se e cosmhuil ris a' mhnaoi o Chanaan. Cha b' urrainn do'n mhnaoi bheannaichte sin a ràdh 's an àm, Is leamsa Criosd ; gidheadh thagair i a cùis ; rinn i, mar gu 'm b' eadh, deasbad ris, agus le buanachadh mar so, fhuair i a miann. Feumaidh an t-anam an ni ceudna a dheanamh—feumaidh e bhi do ghnàth ag amharc ris an t-Slànuighear—do ghnàth 'g a thilgeadh fein aig a chosaibh—do ghnath a' gleachd an aghaidh eas-creidimh, agus gun sgar gus am faigh e buaidh. Bheir an Tighearna beannachadh d' a leanabh fein ; ach feumaidh an leanabh a spionadh, mar gu'm b' eadh, á lamhaibh 'Athar. Tha'n Tighearna gu dearbh a gealltainn gu'n crath e *uisge glan* air a phobull—gu'n toir e dhoibh cridhe nuadh, agus gu'n toir e air falbh an cridhe cloiche ; ach is àill leis gu 'm *fiosraichear e do thaobh an ni so, le tigh Israeil.* Is furasd' an ni briathran stéidh mo theagaisg aithris. *Is leis an Tighearna mise ;* ach creid thusa mise, cha'n'eil e cho furasd an *creidsinn,* agus an aithris tre chreidimh. Tha cuid de dhaoine am barail nach' eil ann an creidimh ach ni furasda. Air mo shonsa dheth, tha mi, le Pòl, a dh' atharrachadh sin do bharail. Theirear cogadh ris, agus 's maith a thoillean e'n t-ainm. Cha ghnìomh furasda greim fhaotainn air Criosd, agus an greim so a chumail le féin-fhiosrachadh. 'S i so cainnt an scriobtuir, agus mothachadh pobuill Dhé mu'n chuis.

Agus ainmnichear fear eile air ainm Iacoib.—Ceang-

laidh se e fein ri eaglais agus ri sluagh Dhé. 'S ann de mhòr shonas gach fìor Israeleach gum feud e aoradh a dheanamh do Dhia maille r'a phobull, ann an spiorad agus ann am firinn. Cha'n'eil anns an ainm *Israelach*, agus, neach a bhi 'n a bhall de'n fhìor eaglais, ach an t-aon ni. 'S i'n eaglais corp diomhair Chrìosd, agus is e creìdimh a mhàin a ni neach 'n a fhìor bhall dhi.

Agus sgrìobhaidh fear eile le 'laimh do'n Tighearna, agus sloinnidh se e fein air ainm Israeil.—'N uair a dh' aontaicheas neach ri cùmhnant, no ri còrdadh, cuiridh e a lamh-sgrìobhaidh ris. Tha neach a' sgrìobhadh le 'laimh do'n Tighearna a' ciallachadh gu'n aontaich e ris a' chùmhnant shiorruidh. 'N uair a phòsas boirionnach, gabhaidh i dhi fein sloinneadh a fir-pòsda. Air an dòigh cheudna, 'n uair a bheir an t-anam e féin do Chrìosd, gairmear e air 'ainm. Far am bheil an tomhas a's lugha de ghràs tha e ag aontachadh ris a' "Chumhnant a tha air a shuidh-eachadh anns gach ni, agus a choimheadear." 2 Sam. xxiii. 5.

Feumaidh sinn *ar toil* a thoirt suas do Dhia, agus leigeil leis-san a thoil fein a dheanamh ruinn. 'S ann de bhriathraibh a' chumhnant, ris am feum sinn ar lamh a chur ma theid sinn air seachran, gu 'n *smachdaich Esan sinn leis an t-slat*. Feumaidh sinn an t-slat a phògadh,—sinn fein irisleadh, agus sgrìobhadh le'r laimh do'n Tighearna: 's e sin, feumaidh sinn a bhi naomh mar tha Esan naomh, oir as eugmhais so, cha'n'eil e comasach dhuinn a mhealtuinn, aon chuid 's a' bheatha so, no 's a' bheatha ri teachd. Is aithne do'n Tighearna iadsan a's leis féin; agus is e comhara cho cinnteach 's a tha 'n am biùthas, gu'n do *thréig iad aingidheachd*. Tha sinn a thaobh nàduir a dh' easbhuidh naomhachd, agus, uime sin, neo-chomasach air aon dleasnas a dheanamh air mhodh taitneach dhasan. Le sgrìobhadh le'r laimh do'n Tighearna, tha sinn 'g ar toirt fein thairis dha a chum 's gu naomhaich e sinn. Feumaidh sinn dol a mach asainn féin gu tur, agus gabhail ri gràs anns an staid inntinn a's iriosaile. Ach an déigh gach ni a's urrainn sinn a dheanamh, gheibh sinn a mach nach 'eil ar naomhachd ach fada o bhi *coimh-lionta*.

Tha na h-uile fìor Chrìosduidh coimhionta 'n a mhiann—'n a rùn—'n a oidheirp. A dh'aon fhocal, bhiodh e coimhionta nam b' urrainn e.

A nis, do bhrìgh nach urrainn sinn an lagh a riarachadh air son na tha seachad d'ar beatha, a thaobh gu bheil ar crìdhe truailidh, agus gu bheil peacadh air a mheasgadh le'r dleasnais a's fèarr, tha aobhar againn Dia 'bheannachadh gu bheil ann an cumhnant nan gràs fireantachd air a h-ullachadh. Ris an fhìreantachd so feumaidh sinn ar lamh-sgrìobhaidh a chur, agus sinn féin a nochdadh an làthair ar Dé ann an éideadh dealrach ùmhlachd an Fhìr-shaoraidh. Nam bu mhiann leinn am beannachadh fhaotainn, feumaidh sinn trusgan ar bràthar a's sine 'chur oirnn. 'S e naomhachd a mhàin a ni neach ionchuidh air son nèimhe; ach 's i ùmhlachd Chrìosd a mhàin a tha 'toirt còir dhuinn oirre. A ràdh gu 'm foghainn ùmhlachd Chrìosd gun naomhachd caithe-beatha, cha'n eil an so ach amaideas. Cha'n eil neach a tha 'cur luach air fireantachd Chrìosd da rìreadh nach eil le 'uile anam an déidh air naomhachd beatha. Cha'n fhan mi'n tràths' ri dhearbhadh co ac a tha *trusgan na bainnse* 'ciallachadh gràs anns an anam, no fireantachd Chrìosd air a cur air an anam: feudaidh, do reir mo bheachdsa, an dà chuid a bhi air an ciallachadh; oir, mo shonsa dheth, cha'n urrainn mi'n sgaradh 'n am inntinn. 'S e ar dleasnas creidimh—aitheachas—ìrioslachd—gràdh agus gràsan eile an Spìoraid a bhi againn; agus ged bhiodh iad so uile againn, cha b' urrainn dhuinn an tagradh mar am bonn air an gabhadh Dia ruinn. Feudaidh, air uairibh, neul éiridh air an inntinn:—feudaidh dorchadas agus marbhalachd—caoin-shuaraicheas agus cruas, sealbh a ghabhail air a' chridhe. 'N a leithid so do staid thugamaid an aire nach tuit sinn ann an an-earbsa—amhairceamaid ri fireantachd Chrìosd. Ged a chailleas fear-fearainn a phaipeirean, ma tha 'chòraichean ann an leabhraichibh an rìgh, tha a staid tèaruinte. Leanamaid naomhachd le'r n-uile chridhe, ach na cailleamaid gu bràth sealladh air umhlachd an t-Slanuigheir. 'S esan carraig nan linn-tean—'Se 'ùmhlachd a choisinn an Spìorad naomh dhùinn—'S e'n Spìorad naomh *ùghdar* ar naomhachd, agus 's

e naomhachd an tobar anns a'm bheil ar sonas a' co-sheasamh.

“An ni a cheangail Dia, na sgaradh duine:” gun sùil a chumail air fireantachd Chrìosd tha e eu-comasach do neach a bhi naomh: agus cìod am feum a tha air Chrìosd, ma tha ar n-ùmhachd féin iomlan—mur biodh *ar fireantachd féin mar bhroinneagaibh salach*. Nam faiceamaid sinn féin dìreach mar tha sinn, agus mar tha Dia 'g ar faicinn, bhiodh ar cridheachan a' ploscartaich an deigh naomhachd, mar shlàinte spioradail ar n' anama,—agus an deigh fireantachd Chrìosd mar stéidh ar dòchais agus ar sonais.

Ma thuigeas sinn gu cubhaidh na firinnean luachmhor so, chithear gu soilleir an toradh 'n ar giulan. 'S e Chrìosd ar LÉIGH, 's e NAOMHACHD ar SLÀINTE: An abair sinn gur h-i ar *slainte* 'choisinn ar n-oighreachd dhuinn? A dh'aon fhocal, feumaidh sinn teachd gu Chrìosd mar pheacaich, agus *sgriobhadh le'r làimh do'n Tighearna*:—feumaidh sinn a leigeadh fhaicinn gu'n d'rinn sinn so ann an treibhdhreas ar cridhe, le caith-beatha *stuama cothramach* agus *diadhaidh*,—a' deanamh deadh sgeul air soisgeul an Iosa a shaor sinn.

IV. Ni mi nis, anns an àite mu dheireadh, pilleadh ris na chaidh a ràdh, a chum gu'n deanamaid co-chur.

Chuala sinn gu 'm feud pobull an Tighearna 'bhi gearan air cruas cridhe, agus sin eadhon fo mheadhonaibh nan gràs. Ceasnaicheamaid sinn fein a chum an *t-aobhar* fhaotainn a mach: theagamh gu bheil sinn a' toirt fàs-gaidh do pheacadh éigin, ged tha ar coguis ag innseadh gur peacadh e. Bheir so cruas-cridhe 'n a lorg,—fuadaichidh e'n Spiorad air falbh. Biomaid air ar faicill roimhe so, agus éisdeamaid ri cagar na coguis a chuir Dia 'n ar taobh stigh.

Ach, theagamh gu'n do cheadaich Dia 'n a àrd-uachd-ranachd, cruas-cridhe a leigeadh oirnn, a chum ar creidimh agus ar foighidinn fheuchainn, mar a rinn e air Iob naomh roimhe. Cha'n'eil ar coguis ag innseadh dhuinn gu bheil sinn a' toirt fàs-gaidh do pheacadh air bith, ni's mo na bha 'choguis-san. Ma's ann mar so a

tha, feitheamaid air Dia, agus rachamaid le'r cridhe cloiche dh'ionnsuidh Chrìosd. Ni esan a thaiseachadh, agus bheir e air gach ni oibreachadh a chum ar math.

Theagamb gu bheil thu 'g ad fhaireachadh féin falamh. 'Anam bhoehd! tha thu cruaidh agus tioram,—tha thu salach agus neo-ghlan—tha t'anam air a thruailleadh le luibhre a' pheacaidh! Thig-sa mata gu sruthanaibh an ionaid naoimh a dh' fhionnaraicheas! Thig gu uisge na beatha! thig gu Crìosd anns a' chumhnant, dìreach mar tha thu! gabh ris na gheibh thu, agus bi taingeil.

Cia mar tha thu 'g ad mhothachadh féin? Peacach? Abair gu bheil thu peacach, tha Slanuirhear an so agad. Theagamb nach 'eil thu cho maoth-chridheach 's a bu mhaith leat: thig a chum an uisge so, taisichidh agus naomhaichidh e thu. Tha Dia a' gealltainn aithreachais a thoirt; bi cinnteach gu'n coimhlion e 'fhocal. Am bheil thu salach agus truailidh? 'S e do bheatha teachd gu Crìosd: glanaidh 'fhuil-san thu: Tha e 'sìneadh a làimhe a's àillidh dhuit: sìn thusa mach do lamh a tha dubh—salach—truailidh, agus cha diult e breith oirre. Am bheil eagal ort nach' eil so fìor? 'S tu nach ruig a leas. Tha e air 'fhocal—tha e air a mhionnan gabhail riut. Cìod air bith a's galar dhuit, tha leigheas aige-san dhuit; cìod air bith do leòn, tha aige-san pailteas; Thig air t'aghaidh, thig mar tha thu—thig gu Crìosd agus is e do bheatha. Ge be thig air an dòigh cheirt cha teid a thilgeadh a mach; gabhadh e de uisge na beatha *gu saor*. Tha gach ni ullamh, thigibh a chum a' phòsaidh; *Thigibh, arsa Gliocas Dé, ithibh de m' aransa, agus olaibh de'n fhion a mheasq mi.*



LONDON: THE RELIGIOUS TRACT SOCIETY,
56 PATERNOSTER ROW, 65 ST. PAUL'S CHURCHYARD, 164 PICCADILLY.

MANCHESTER: CORPORATION STREET. BRIGHTON: WESTERN ROAD.

[Price 3s. per 100.]